



La CAZOTTE

SAINT-AFFRIQUE



FÀILTE



EPLEFPA La Cazotte
Route de Bournac
12400 SAINT-AFFRIQUE
AN FHRAING



+33 5 65 98 10 20



lpa.st-affrique@educagri.fr



www.la-cazotte.educagri.fr

CEANNARD CO-OBRACHAIDH EADAR-NÀISEANTA: Olivier ROCHER olivier.rocher@educagri.fr



'S e Institiud Trèanadh Àiteachais don phoblachd a th' ann an "La Cazotte" a chaidh fhosgladh ann an 1970 fo aontachadh Roinn Àiteachais na Frainge. Tha i stèidhichte ann an Saint-Affrique (sluagh de 8000) san sgìre Occitania, gu deas san roinn Aveyron, àite a tha aithnichte airson càise Roquefort, drochaid Millau, na h-àiteachan-tuineachaidh Templar Knights aig UNESCO air an Larzac agus a' phàirc sgìreil nàdarra.

Tha an sgoil againn roinnte eadar còig aonadan:

An Àrd-sgoil Tuathanais

- mu 400 sgoilearan eadar 13 is 20 bliadhna a dh'aois
- 37 tidsearan
- 5 speisealachdan (briodadh chaorach / briodadh each / marcachd nan each / teicneòlasan àiteachais / bathar bheathaichean
- sgoil-chòmhnaidh le 390 leabaidh (tè de na feadhainn as motha ann an Ceann a Deas na Frainge)

LYCÉE
AGRICOLE

Ionad-trèanaidh nan Inbheach

- 110 luchd-ionnsachaidh (inbhich)
- 17 luchd-trèanaidh
- 6 speisealachdan (briodadh chaorach / briodadh each / marcachd nan each / tuathanasachd fàs-bheartach / gàirnealachd-mhargaidh / Àiteachas Seasmhach)

CFPPA

Ionad na Preantasachd

- 200 preantasan eadar 15 is 29 bliadhna a dh'aois
- 11 luchd-trèanaidh
- 6 speisealachdan (tuathanasachd farsaing / cùram eich / cumadh-fearainn / malairt / còmhdhail rathaidean / dealan)

CFA

"Pastoralia"

- ionad foillseachaidh eadar-ghnìomhach air tuathanas chaorach agus an roinn Roquefort

C3R
PASTORALIA

An Tuathanas

- tuathanas foghlaim phrobhail
- 4,5 luchd-obrach
- 140 ha agus 100 ha airson bàrr fàs-bheartach
- 600 caora bainne Lacaune (Roquefort PDO)
- 2 threud fàs-bheartach (80 caora Lacaune airson feòil + 20 aighean Aubrac)
- 3 alairean searraich New Forest (mu 20 eich gan leasachadh)
- bùth-obrach marcachd (30 eich òg gach bliadhna)

EXPLOITATION

Tha an sgoil againn fosgailte dhan t-saoghal agus iomadh turas-sgoile san Fhraing is thall thairis gan chur aig dòigh gach bliadhna. Mar sin, leig fios ma bhios sibh airson tadhal oirnn no ma bhios ùidh gaibh ann an co-obrachadh san àm ri teachd.

Chì sinn a dh'aithghearr sibh!

EADAR-THEANGACHADH
Shannon Maclean
(Bòrd na Gàidhlig)